


Twiga

agus a' ghealach



An teacsa Frances Usher
Na dealbhan Stephen Lewis
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Ann an Afraga bha abhainn àlainn.
Ri taobh na h-aibhne bha craobhan
àrda agus mòran feur gorm.
Air bruaich na h-aibhne bha
sioraf òg, Twiga, a' fuireach.



Latha às dèidh latha bha Twiga a' coiseachd mun cuairt ri taobh na h-aibhne còmhla ri na siorafan eile.

Bha na siorafan eile cho àrd agus gu ruigeadh iad air na duilleagan air bàrr nan craobhan.




'S e athair Twiga a b' àirde dhiubh uile,
agus b' urrainn dhàsan na duilleagan
blasta a bha air bàrr gach craoibh ithe.

Cha ruigeadh Twiga ach
air duilleagan nan
craobhan a b' ìsle.

“B' fheàrr leam gun robh
mi àrd coltach ribhse,”
thuirt Twiga ri athair.

“Aon latha bidh thu a
cheart cho àrd riumsa,”
thuirt athair ris.





Bha Twiga toilichte.

Thuir e ri na siorafan eile,

“Aon latha bidh mise cho àrd rim athair
agus ithidh mi na duilleagan blasta a tha
air fìor bhàrr nan craobhan àrda.”



Thuirte Twiga, “Aon latha is mise an sioraf
as àirde a bhios ann an Afraga.”

“Bheil thu ag ràdh?” arsa na siorafan eile.

“Agus dè dh’itheas tu an uair sin?”



Thug Twiga sùil suas.

Chunnaic e a' ghealach san adhar.

“Ithidh mi siud,” thuir e.

“Cha urrainn dhut a' ghealach ithe,”
thuir na siorafan eile.

“Carson nach urrainn?” arsa Twiga.

“Tha i a' coimhead glè mhath.”

Bha na siorafean eile uile a' gàireachdainn.

Cha tuirT Twiga an còrr mu dheidhinn
na gealaich ach bha e
a' smaoinachadh oirre.

Oidhche às dèidh
oidhche bha e
a' coimhead suas ris
a' ghealaich agus
a' smaoinachadh air
a h-ithe.

Nach i bhiodh fuar
na bheul!





Aon oidhche bha i cho teth is nach b' urrainn
dha Twiga cadal.

Choimhead e suas dhan adhar ach bha
a' ghealach air a dhol fodha.

“Càite bheil a' ghealach?” dh'fhaighnich e.

“Càite bheil mo ghealach àlainn?”



An uair sin choimhead na siorafan uile suas.

“Càite an deach a’ ghealach?” thuirt iad.

“Feumaidh gun do dh’ith cuideigin i.”


Bha iad uile a’ gàireachdainn.

An uair sin thòisich an t-uisge.

Chaidh na siorafan uile ri fàsghadh fo na craobhan



agus shil e



agus shil e.





B' fheàrr le Twiga gu stadadh an t-uisge.

“Càite an deach a' ghealach?”

dh'fhaighnich e dha athair.

“An do dh'ith cuideigin i?”

“Cha do dh'ith,” thuirt athair.

“Tillidh a' ghealach. Chì thusa.”



Stad an t-uisge. Thàinig na siorafan a-mach
à fasgadh nan craobhan agus choisich iad mun
cuairt ri taobh na h-aibhne.

Choimhead Twiga suas dhan adhar.

“Seall,” thuirt e. “Tha a’ ghealach air tilleadh.
Nuair a bhios mi àrd am faod mi a’ ghealach
ithe?”



“Chan fhaod thu a’ ghealach ithe,”
thuirt athair Twiga.

“Ach seallaidh mi rudeigin dhut a dh’fhaodas
tu ithe nuair a bhios tu mòr.”

Bha craobh àrd an sin. Thug e measan
blasta a-nuas agus thug e iad dha
Twiga. “Mmmm, tha seo math,” thuirt Twiga.





An ath latha dh'fhaighnich na siorafan eile dha Twiga, “Dè tha thu a’ dol a dh’ithe an-diugh?” “Tha mi a’ dol a dh’ithe nan duilleagan beaga mun cuairt an seo,” thuirt Twiga. “Mar sin fàsaidh mi mòr agus ruigidh mi air na measan blasta air bàrr nan craobhan àrda, dìreach mar m’ athair,” arsa Twiga.